

Comhairle Siorrachd Àir a Deas

Plana Gàidhlig 2026-2031


Eàrr-ràdh 3



Eàrr-ràdh 3- Sgrùdadh Sgilean Gàidhlig an Luchd-obrach ann an Comhairle Siorrachd Àir a Deas

Fhuair na freagairtean a leanas ris an Sgrùdadh Sgilean Cànain againn sa Chèitean 2025.


A bheil fios agad gu bheil Plana Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas?



Nuair a chuireadh a' cheist air luchd-obrach an robh fios agad gun robh Plana Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas, thuirt 52 neach-obrach (61%) nach robh, agus thuirt 33 luchd-obrach (39%) gun robh.


Dh'fhaighnich an ath earrann den t-suirbhidh an robh sgilean Gàidhlig aig an luchd-obrach. Far an do thagh luchd-obrach nach robh, chaidh iarraidh orra a dhol gu Ceist 5; far an tuirt iad gun robh, chaidh dà cheist a bharrachd a chur orra.

A bheil Sgilean Gàidhlig agad?




Nuair a chuireadh a' cheist air luchd-obrach an robh sgilean Gàidhlig aca, thuirt 68 luchd-obrach (80%) nach robh, agus thuirt 17 (20%) gun robh.

An uair sin, den luchd-obrach a thuirt gun robh sgilean Gàidhlig aca, chaidh ceist a chur orra an robh iad comasach air Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh. Chaidh iarraidh air gach neach-freagairt a h-uile nì a roghnachadh a bha a' buntainn riutha fhèin.




Thagh 14 den 17 luchd-obrach (82%) gum b' aithne dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn agus a thuigsinn. Thagh 11 luchd-obrach (65%) gum b' aithne dhaibh Gàidhlig a leughadh, agus thagh 12 (71%) gum b' aithne dhaibh Gàidhlig a sgrìobhadh. Thagh aon neach (6%) 'Chan eil seo buntainneach'.

Mu dheireadh, chaidh ceist a chur air luchd-obrach a thagh gun robh Gàidhlig aca dè an ìre aig an robh iad a' bruidhinn Gàidhlig.




Thuir 10 luchd-obrach (59%) gum robh iad den bheachd gun robh iad aig ìre 'Tòiseachaidh'. Thuir 5 luchd-obrach (29%) gum robh iad den bheachd gun robh iad eadar ìre 'Tòiseachaidh is Eadar-mheadhanach'. Tha 1 neach-obrach (6%) am beachd gu bheil an comas air Gàidhlig aig ìre 'Eadar-mheadhanach Àrd'. Thagh aon neach (6%) 'Chan eil seo buntainneach'.

Dè an ùidh a th' agad ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig an-dràsta?



Nuair a chaidh ceist a chur orra an robh ùidh aca ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, thagh 45 de 85 luchd-obrach (53%) 'Chan eil mi ag iarraidh a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig'. Thagh 34 luchd-obrach (40%) 'Bu mhath leam Gàidhlig ionnsachadh, ach cha d' fhuair mi an cothrom fhathast'. Thuir 2 neach-obrach (2%), 'Tha sgilean Gàidhlig agam agus tha mi toilichte le m' ìre de dh'fhileantachd'. Mu dheireadh, thagh 4 luchd-obrach (5%) 'Tha mi a' dèanamh cùrsa Gàidhlig no bidh mi ga dhèanamh a dh'aithghearr'.

Nan robh cothroman trèanaidh Gàidhlig rim faotainn, a bheil thu a' saòilsinn gun iarradh tu Gàidhlig ionnsachadh no do chuid chomasan Gàidhlig a leasachadh?



Nan robh iad a' faighinn a' chothruim, thuir 43 luchd-obrach (51%) gun robh iad a' saòilsinn gun ionnsaichidh iad Gàidhlig, le 42 luchd-obrach (49%) ag ràdh nach ionnsaichidh.

An uair sin, chaidh ceist a chur air luchd-obrach mu na cnapan-starra a dh'fhaodadh a bhith gam bacadh bho bhith ag ionnsachadh no a' leasachadh an cuid chomasan Gàidhlig. Bha a' cheist seo a' leigeil le luchd-obrach beachd a thoirt ann am bogsa-bheachdan. Seo gearr-chunntas air cuid de na chaidh a ràdh, gun luaidh air a' chòrr:

- Astar nan clasaichean, tha sgìrean dùthchail a' call a-mach.
- Ùine agus goireasan an lùib cead fhaighinn bho an cuid obrach.
- Chan eil cnapan-starra ann, oir chan eil mi ag iarraidh a bhith ga h-ionnsachadh.
- Cosgais
- Leis nach eilear a' bruidhinn a' chànain fad is farsaing, bhiodh e duilich a bhith ga h-ionnsachadh agus ga cleachdadh ann an co-theacsa làitheil.
- Cùram-cloinne

Dè an ìre, nad bheachd-sa, gum bu chòir cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh taobh a-staigh Siorrachd Àir a Deas?

Leig a' cheist seo le luchd-obrach beachd a thoirt ann am bogsa-bheachdan. Seo gearr-chunntas air cuid de na freagairtean gu h-ìosal, gun luaidh air a' chòrr:

- Bu chòir do sgoiltean Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bhrosnachadh barrachd, agus luchd-teagaisg a thrèanadh gus seo a chomasachadh.
- Chan eil mi a' creidsinn gum bu chòir Gàidhlig a bhrosnachadh barrachd na tha a' tachairt an-dràsta.
- Feumar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a leasachadh leis nach eilear ga libhrigeadh ann an Siorrachd Àir a Deas.
- A rèir nan coimhearsnachd dom bi sinn a' toirt taic, ma tha feum aca a bhith a' meudachadh ìrean cleachdaidh, bu chòir, ach mura bheil, cha bu chòir a mheudachadh.
- Taobh a-staigh choimhearsnachdan agus raointean obrach, tha cànanan eile nas cumanta agus mar sin bu chòir dhaibh cuideam a chur air na raointean sin.
- Tha mi den bheachd nach eil trèanadh Gàidhlig gu feum dhòmhsa, agus cha do thachair mi riamh air neach-bruidhinn na Gàidhlig ann an/à Siorrachd Àir a Deas.
- Seiseanan bunaiteach Gàidhlig do luchd-obrach a tha gan iarraidh.
- Tha e cudromach a bhith ag ionnsachadh cànan agus tha buannachdan na lùib, agus mar sin air sgàth dualchas na h-Alba bu chòir dhaibh Gàidhlig agus Albais a bhrosnachadh barrachd.
- Dh'fhaodadh mothachadh bunaiteach air Gàidhlig agus air a freumhan eachdraidheil a bhith buannachdail.

A bheil beachdan/molaidhean agad air mar a rachadh barrachd Gàidhlig a chleachdadh san obair againn?

Bha a' cheist seo a' leigeil le luchd-obrach beachd a thoirt ann am bogsa-bheachdan. Seo gearr-chunntas air cuid de na chaidh a ràdh, gun luaidh air a' chòrr:

- Bu chòir dhuinn mothachadh air Gàidhlig a mheudachadh, agus chan fheumadh sin tòrr cosgais no cosgais sam bith, le bhith a' postadh air na meadhanan sòisealta msaa.
- Chan eil feum ann air cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh.
- Mar aon de na cànanan nàiseanta againn, bu chòir dhuinn a bhrosnachadh uiread 's a tha e iomchaidh do Shiorrachd Àir a Deas tuigse nas fheàrr fhaighinn air ar cultar is ar dualchas.
- Gaisgich Ghàidhlig taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Àir a Deas.
- Dèan cinnteach gu bheil Gàidhlig ga cleachdadh gu ceart, sin ri ràdh air soidhnichean msaa.
- Bu chòir dhuinn cùrsaichean a thabhann dhaibhsan a tha gan iarraidh.